

Fiosrachadh do dh'oileanaich mu àiteachan-fuirich Shabhal Mòr Ostaig - 2020-21

Prìomh phrionnsabalan

Tha sinn a' leantainn mapa slighe ath-bheothachaidh Covid-19 Riaghaltas na h-Alba, agus stiùiridhean sònraichte gus làrach na Colaiste ath-fhosgladh. Tha sinn a-nis fo ìre 3, a' ciallachadh gun urrainn dhuinn àrainnean agus àiteachan-fuirich ath-fhosgladh le modal measgaichte de dh'ionnsachadh air astar agus aghaidh-ri-aghaidh air an làraich, far a bheil seo na phrìomhachas.

Mar an t-Ionad Nàiseanta airson Cànan is Cultar na Gàidhlig, tha sinn ag aithneachadh gu bheil e na phrìomhachas dha na h-oileanaich againn, mar luchd-ionnsachaidh cànan, a bhith stèidhichte air an làraich, ann an àrainneachd far a bheil a' Ghàidhlig, gus an t-eòlas bogaidh aca a mheudachadh. Tha meud na làraich againn agus na h-àireamhan oileanach còmhnaidh ìosal a' toirt cothrom dhuinn tilleadh dhan làraich, agus sinn a' cumail ris an riaghailt astarachadh 2m. Gus seo a dhèanamh, tha sinn an dòchas fàilte a chur air na h-oileanaich làn-ùine againn a bhiodh stèidhichte air an làraich airson toiseach bliadhna acadaimigeach 2020-21, ged a tha seo fhathast a-rèir àireamhan deireannach.

Tha slàinte is sunnd ar n-oileanaich, ar luchd-obrach agus ar luchd-màil air leth cudromach. Is e ar prìomhachas dèanamh cinnteach gu bheil an làrach againn cho sàbhailte 's a ghabhas dhut, a rèir an stiùiridh. Ma nochdas Covid-19 air làrach na Colaiste, bheir a' Cholaiste taic dhan Riaghaltas le bhith a' toirt seachad fiosrachadh buntainneach a-rèir ro-innleachd *Deuchainn is Dion* an Riaghaltais. Tha àite-fuirich againn ma tha cuideigin an làthair le comharran Covid-19, a leigeas leotha fuireach fa leth ann an cuarantain cho fad 's a tha riatanach, agus tha siostaman taice an sàs gus am biathadh agus taic nas fharsainghe a thoirt seachad gu sàbhailte.

Tha am fiosrachadh seo stèidhichte air an stiùireadh mu oilthighean agus colaistean le àiteachan-fuirich, a chuir Riaghaltas na h-Alba a-mach air 20 Iuchar 2020. Tha do cho-obrachadh riatanach, mar neach-còmhnaidh na Colaiste, ann a bhith a' cumail ris an stiùireadh, agus a' chomhairle shlàinte agus bidh e mar fhiachaibh ort riaghailtean is stiùireadh a chuireas a' Cholaiste a-mach a leantainn, a dh'fhaodadh atharrachadh bho àm gu àm, a-rèir stiùiridhean an Riaghaltais.

Tha e cudromach dhuinne aig Sabhal Mòr Ostaig gu bheil thu a' faireachdainn sàbhailte agus cofhurtail anns an dachaigh ùr agad airson na h-ath bhliadhna acadaimigich. Ged a bhios cuingealachadh ann gu cinnteach, obraichidh sinn còmhla riut gus am bi an ùine agad air an làraich cho math agus feumail 's a ghabhas

Tha sinn cuideachd airson 's gum bi cothrom agad a bhith aig fois taobh a-muigh nan seòmraichean-teagaisg agus nan raointean poblach. Airson nan adhbharan sin, tha sinn a' leantainn mholaidhean an stiùiridh gus dachaighean (households) a chruthachadh taobh a-staigh nan àiteachan-fuirich. Thèid dachaighean a chur air dòigh a-rèir làr agus leigidh seo dhut fois a ghabhail air an làr ainmichte agad agus cha leig thu leas a bhith air astar fiosaigeach (mura h-eil thu ag iarraidh). Bidh astar fiosaigeach 2m anns a H-UILE raon eile den Cholaiste, ge-tà, a' toirt a-steach ùrlaran eile.

Bidh sinn cuideachd ag iarraidh ort còmhach aodainn a chosg anns a h-uile àite poblach, mar eisimpleir, ann an trannsaichean agus air staidhrichean. Bidh fiosrachadh a' buntainn ri riatanasan san t-seòmar-teagaisg a' tighinn fhathast, bhon roinn Acadaimigich.

Tha Sabhal Mòr Ostaig na phàirt mhòr den choimhearsnachd ionadail againn, agus chòrdadh e rinn buill na coimhearsnachd fhèin a bhith air an làraich bho àm gu àm. Ach tha am Bòrd Stiùiridh air co-dhùnadh cead a thoirt do luchd-obrach agus oileanaich a-mhàin air a' chiad shemeastar, chun an Fhaoilich 2021. Tha seo ann airson dèanamh cinnteach à sàbhailteachd an dà bhuidhinn sin agus gus fois inntinn a thoirt don choimhearsnachd ionadail againn, gnothach a tha cudromach dhuinn. Thoir fa-near gum bi e comasach fhathast do bhuidhnean màil na Colaiste daoine eile a bhith cuide riutha air an làraich, gus an urrainn dhaibh an obair làitheil àbhaisteach a dhèanamh.

Tha sinn gu math fortanach an seo aig Sabhal Mòr Ostaig leis gu bheil an àrainn againn sgapte thairis air ceithir prìomh thogalaichean teagaisg - Àrainn Chaluim Chille (ACC), Àrainn Ostaig (AO), FÀS agus Ionad Iain Nobail (IIN). Tha trì togalaichean àite-fuirich againn - An Tùr agus A' Cheàrnag (Bloc C) - gach cuid stèidhichte aig ACC - agus am Bloc àite-fuirich (A / B) shuas aig AO. Tha cruth farsaing na làraich freagarrach gu leòr airson a bhith comasach air astar fiosaigeach 2m a chumail a-rèir stiùiridhean an riaghaltais.

Àite-fuirich - dè tha seo a' ciallachadh agus dè na h-atharrachaidhean a bhios ann?

Bidh sinn a' cleachdadh na Ceàrnaig (Bloc C) agus An Tùr mar phrìomh àiteachan-fuirich do dh'oileanaich. Cha tèid Bloc A a chleachdadh ach ma tha feum air agus thèid Bloc B a chumail an dàrna taobh airson oileanaich eadar-nàiseanta sam bith a dh'fheumas a bhith a' seachnadh cuideachd chàich nuair a thilleas iad don dùthaich **no ma tha agad ri bhith gad chumail fa leth bho chàch a-rèir stiùireadh Test and Protect agus gun cuir thu romhad gum b' fheàrr leat a bhith san togalach fa leth seach san t-seòmar caidil agad.** Ma thachras seo, thèid a h-uile biadh a thoirt dhaibh agus cumaidh Seirbheisean nan Oileanach fios mu fheumalachdan sochair a bharrachd.

Tha na togalaichean a tha againn ri thabhann air an làraich mar a leanas -

A' Cheàrnag

Is e A' Cheàrnag am bloc fèin-chòcaireachd againn agus gabhaidh e suas ri 17 oileanach. Chan fhaigh ach oileanaich bhon dàrna bliadhna agus suas cothrom fuirich anns A' Cheàrnaig.

Bidh 6 oileanaich air a' chiad làr ann an goireas cidsin roinnte le àite coitcheann mòr. Bidh an làr seo na dhachaigh a tha a' ciallachadh nach bi feum air astar fiosaigeachd air an làr agad.

Air an dàrna làr tha 11 oileanach le goireas cidsin nas motha le àite ithe coitcheann comhfhurtail. Bidh an làr seo na dhachaigh a tha a' ciallachadh nach bi feum air astar fiosaigeachd air an làr agad.

Bidh seòmar en-suite agad, le wi-fi agus goireasan tì is cofaidh.

Gheibhear a-steach air a' phrìomh dhoras air beulaibh an togalaich agus a-mach tron doras teine aig a' chùl, gus dèanamh cinnteach à siostam aon-shligheach agus gus conaltradh ann an trannsaichean agus air staidhrichean is msaa a lùghdachadh.

Bidh stèisean glanaidh làimhe aig gach doras a-steach is a-mach às an togalach a bu chòir dhut a chleachdadh nuair a thig thu a-steach agus a-mach às an togalach.

Bidh botal le stuth-glanaidh, paca chlobhdan agus còmhdach aodainn Shabhal Mòr Ostaig anns an t-seòmar agad nuair a ruigeas tu.

Faodar na botail stuth-glanaidh a lìonadh an àird aig bùth na Colaiste againn nuair a bhios feum.

An Tùr

Tha 29 seòmraichean cadail anns an Tùr.

Tha na seòmraichean-cadail air an roinn thairis air 5 làran agus tha cidsin coitcheann air gach làr, mar as trice air a roinn eadar 6 oileanach. Bidh gach làr na dhachaigh a tha a' ciallachadh nach bi feum air astar fiosaigeach air an làr agad.

Bidh seòmair en-suite agad, le wi-fi agus goireasan tì is cofaidh.

Tha An Tùr ann airson oileanaich a bhios ag ithe sa Cholaiste agus mar sin chan eil uidheamachd còcaireachd ri fhaighinn ach coire, tostar, frids agus microwave.

Tha 2 àite inntigridh / fàgail anns an Tùr.

Gheibhear a-steach tron phrìomh dhoras air beulaibh an togalaich agus bu chòir an lioft a chleachdadh gus an làr iomchaidh a ruighinn.

Gheibhear a-mach tron doras air an làr ìosal ann an togalach an Tùir agus bu chòir an staidhre a chleachdadh airson a dhol a-mach às an togalach.

Bidh stèisean glanaidh làimhe aig gach doras a-steach is a-mach às an togalach a bu chòir dhut a chleachdadh nuair a thig thu a-steach agus a-mach às an togalach.

Bidh botal stuth glanaidh, clobhdan agus còmhdach aodainn Shabhal Mòr Ostaig anns an t-seòmair agad nuair a ruigeas tu.

Faodar na botail de stuthan-glanaidh a lìonadh aig bùth na Colaiste againn nuair a bhios feum air.

Seirbheis Glanaidh

Thèid prìomhachas a thoirt do na h-àiteachan teagaisg, raointean poblach agus cidsinean, gus an luchd-obrach agus oileanaich a dhìon san dòigh as fheàrr. Gheibh an sgioba glanaidh cothrom air an t-seòmair agad gach cola-deug airson dustadh agus an t-ùrlar a ghlanadh an seòmair-ionnlaid agad a ghlanadh. Bidh atharrachaidhean anairt ann gach cola-deug agus bu chòir dhut an t-anart salach agad a chur anns na pocannan sgudail dubh a bhios rim faighinn agus fhàgail aig doras an t-seòmair nigheadaireachd. (Thèid clàr-ama nigheadaireachd a thoirt dhut.) Tha seòmair nigheadaireachd air ìre talmhainn gach togalaich. Bidh anart ùr air fhàgail taobh a-muigh an t-seòmair agad. Ma tha thu ag iarraidh dad bhon sgioba ghlanaidh san eadar-am, cuir fios thuca air 01471 888 250

Cothrom air na togalaichean àite-fuirich

Chan urrainn don Cholaiste àite a thoirt do luchd-tadhail thar oidhche. Mholamaid nach faigh luchd-tadhail cuireadh a thighinn dhan làraich idir, ach a-mhàin airson do thogail (i.e. bho bhith a' dol airson cofaidh le cuideigin taobh a-muigh SMO). Bu chòir do luchd-tadhail sam bith air an làraich a bhith a-muigh seach am broinn nan togalaichean. A-rithist, tha seo airson do dhìon fhèin agus an luchd-obrach air an làraich agus thèid sùil a chumail orra gu cunbhalach.

Sgìrean poblach

Bidh comharran astar 2m rim faicinn air feadh làrach na Colaiste air an làr. Bidh sgrìonaichean rim faicinn anns a h-uile àite poblach.

Seòmair-bidhe

Bidh an Taigh-bidhe fosgailte mar as àbhaist ach bidh dà àm-lòin is dà àm dìneir fa leth ann, gus leigeil le astar 2m eadar gach oileanach. Bidh roghainnean takeaway rim faighinn mas fheàrr leat àite nas sàmhach a lorg san atrium. Chan urrainn dhuinn an-dràsta ach 22 oileanach a fhrithealadh san ionad-bhidhe aig àm sònraichte.

Eacarsaich / gnìomhan buidhne

Chan urrainn dhuinn an-dràsta àite sàbhailte a thoirt seachad airson eacarsaich buidhne a-staigh, ach tha roghainnean air-loidhne agus a-muigh rim faighinn agus gheibh thu taic agus brosnachadh bhon Cholaiste agus Comann nan Oileanach gu rudan fheuchainn. Bidh sinn a' brosnachadh Comann nan Oileanach gus gnìomhan cunbhalach eile a chur air dòigh dhut a-muigh.

Bùth na Colaiste

Bidh a' bhùth fosgailte, airson dithis aig an aon àm. Gheibhear cofaidh cuideachd bhon bhùth ann an ACC. Bidh stèisean glanadh làmhan anns a' bhùth cuideachd airson do bhotal a lìonadh.

Àiteachan Sòisealta

Bidh sinn ag obair le Comann nan Oileanach gus àiteachan sòisealta ùra a leasachadh, agus prògram de thachartasan sòisealta a chur air dòigh, gus taic a thoirt do bheatha nan oileanach air an làraich agus sinn a' cumail ri stiùireadh slàinte a' mhòr-shluaigh.

Taighean-beaga

Bidh stuthan glanaidh a bharrachd rim faighinn anns a h-uile taigh-beag agus bionaichean gan toirt seachad. Thèid taighean-beaga poblach a ghlanadh gu cunbhalach, ach bu chòir dhuibh uallach a ghabhail airson cumail ri molaidhean slàinte an Rìaghaltais.

Ionmhas agus Foirmean

Bu chòir pàigheadh agus modhan-pàighidh (standing orders, mar eisimpleir) a stèidheachadh agus a dhèanamh tro BACS. Thèid foirmean a lìonadh gu dealanach. Thèid foirmichean oifigeil a chleachdadh gu dealanach gus an cunnart dhut fhèin agus don luchd-obrach againn a lùghdachadh. Thèid a h-uile pìos fiosrachaidh a thoirt seachad anns na pasganan àite-fuirich agad aon uair 's gu bheil thu air tagradh a dhèanamh airson àite-fuirich aig a' Cholaiste.

Comharraidhean co-cheangailte ri Covid

Ma bhios tu an làthair le comharraidhean Covid-19 sam bith, (casad tioram a mhaireas, dìth blais no fàilidh, fiabhras) thèid iarraidh ort fèin-iomallachd a dhèanamh san t-seòmair-caidil agad is an stiùireadh làithreach aig Slàinte Phoblach na h-Alba a leantainn. Cumaidh sinn oirnn gad bhìadhadh agus a' toirt taic sochair oileanach tron ùine agus a rèir stiùireadh Test and Protect. Ma tha oileanach ag iarraidh fèin-iomallachd a dhèanamh anns an àite-fuirich fa leth againn faodaidh iad iartras a chur don sgioba làimhseachaidh Covid againn. Tha modhan aig a' Cholaiste airson a bhith a' dèiligeadh ri cùisean Covid dearbhte sam bith air an làraich, ris an tèid cumail gu teann. Tha slat-teothachd fò-dhearg (infrared thermometer) againn air an làraich ma tha thu, aig àm sam bith, airson do theodhadh a sgrùdadh. Cuir fios chun an sgioba fhàilteachaidh.

* Atharraichean air an Stiùireadh Nàiseanta *

Thoir fa-near gum faodadh stiùireadh Riaghaltas na h-Alba agus na RA atharrachadh aig àm sam bith le glè bheag de rabhadh. Cumaidh sinn oirnn a' cumail ris an stiùireadh nàiseanta an-còmhnaidh. Faodaidh seo a bhith a' ciallachadh tilleadh dhachaigh ma tha dàrna ùine glasaigh ann. Ged a thèid againn air àite a thoirt do dh'oileanaich eadar-nàiseanta agus an fheadhainn aig nach eil dòigh eile air àite-fuirich, bidh dùil gum fàg a h-uile oileanach is neach-obrach eile togalaichean na Colaiste. *

Ceistean Bitheanta

Tha liosta gu h-ìosal de ghrunn cheistean cumanta. Ma tha ceist sam bith eile agad, cuir fios thugainn.

Am bi e comasach dhomh gluasad a-steach ro thoiseach na bliadhna acadaimigich?

Tha, tha sinn a' cur cheumannan sàbhailteachd làidir an sàs gus an urrainn dhut faighinn a-steach air ceann-latha tòiseachaidh cùmhnant aontaichte agad aig deireadh an Lùnastail / toiseach na Sultaine.

Cuin a bhios na togalaichean a' fosgladh airson oileanaich ùra / leantainneach?

Bidh sinn a' cur fàilte air a h-uile oileanach sa chiad bhliadhna thairis air deireadh-seachdain 29/30 Lùnastal agus oileanaich leantainneach bho Dhiciadain 2 Sultain air adhart le sùil gum bi a h-uile oileanach air an làraich ro Dhihaoine 4 Sultain. Tòisichidh an t-Seachdain Inntigidh Diluain 31 Lùnastal, le fòcas air a' chiad bhliadhna aig toiseach na seachdain.

An urrainn dhomh mo phàrantan a thoirt leam?

Tha sinn a' tuigsinn gur e ceum mòr a th' ann a bhith a' gluasad dhan Cholaiste agus gum bi thu airson pàrant / neach-cùraim / caraid a bhith còmhla riut nuair a ruigeas tu. Tha sinn air an àireamh de dhaoine a tha còmhla riut a chuingealachadh ri dithis. Feumaidh iad cuideachd foirm air-loidhne a lìonadh mus ruig iad gus cuideachadh le dòigh-obrach *Test and Trace* an riaghaltais. Cuimhnich nach bi e comasach dhuinn àite a thoirt do dhuine sam bith ach thu fhèin thar oidhche.

An urrainn dha mo theaghlach mo chuideachadh a' gluasad a-steach?

Tha sinn a' tuigsinn gum bi tòrr bhagannan agad nuair a ruigeas tu. Leigidh sinn leis an fheadhainn a tha còmhla riut do chuideachadh le seo agus iarraidh sinn gum bi sibh uile mothachail air slàinteachas, a' dèanamh làn fheum de na stèiseanan slàintealachd aig na dorsan anns gach togalach. Bu chòir còmhdach aodainn a chosg cuideachd (faodaidh sinn còmhdach aodainn a thoirt seachad nuair a ruigeas tu mura h-eil fear agad no ma dh'òchuimhniches tu a thoirt leat).

Tha tairgse àite-fuirich agam ach bidh mi an cuarantain nuair a ruigeas mi an RA. A bheil SMO a' toirt taic dha seo?

Bidh sinn gu dlùth a' leantainn comhairle riaghaltas na RA mu riatanasan cuarantain sam bith airson oileanaich eadar-nàiseanta gus buaidh sam bith a dh'fhaodadh a bhith aige ort a sgrùdadh anns na h-àiteachan-fuirich againn san Lùnastal / Sultain. Tha sinn ag obair gu cruaidh gus dèanamh cinnteach gum bi na cùisean seo aontaichte agus soilleir gus taic a thoirt dhut.

Mas e oileanach eadar-nàiseanta a th' annad a tha air gabhail ri tairgse àite-fuirich agus a dh'fheumas cuarantain riaghaltas na RA a dhèanamh nuair a ruigeas tu, bidh e comasach dhut dà sheachdain a ruighinn ro cheann-latha tòiseachaidh cùmhnant àite-fuirich san t-Sultain, gun chosgais

a bharrachd airson àite-fuirich air a thoirt seachad aig an àm seo. Thoir fa-near, ge-tà, gun tèid iarraidh ort cosgaisean bìdh sam bith a phàigheadh co-cheangailte ris aig an àm seo.

Dè ma dh'atharraicheas na riaghailtean cuarantain?

Ma dh'atharraicheas riaghailtean cuarantain riaghaltas na RA, bidh sinn ann an conaltradh riut cho luath 's a ghabhas le tuilleadh fiosrachaidh. Ma ghlèidheas tu turas-adhair nas tràithe agus ma bheir an riaghaltas air falbh cuibhreannan cuarantain, bidh an t-àite-fuirich agad fhathast ri fhaighinn dhut bho cheann-latha tòiseachaidh a' chùmhnaidh agad agus cha tèid màl a phàigheadh dhut airson na h-ùine seo. Bidh cosgaisean bidhe fhathast rim pàigheadh.

Càite am bi an togalach cuarantain?

Tha sinn an-dràsta air Bloc B (Àrainn Ostaig) a thoirt do dh'oileanaich a dh'fheumas cuarantain fhaighinn nuair a ruigeas iad an RA.

Dè ma dh'fheumas mi ruighinn tràth ach nach fheum mi a bhith an cuarantain?

Feuch an cuir thu fios chun a' Mhanaidseir Aoigheachd a dhèiligeas ris an iarrtas agad, a-rèir cùis fa leth. Leis na suidheachaidhean, dh'iarramaid gum feuchadh tu ruighinn cho faisg air a' cheann-latha ruighinn aontaichte 's a ghabhas, ach tha sinn mothachail gum faodadh suidheachaidhean a bhith ann nach leigeadh le seo tachairt.

Cuin a gheibh mi an tairgse àite-fuirich agam?

Ma tha tairgse Àite gun Chùmhnaidh agad, gheibh thu an tairgse àite-fuirich agad, le post-d, bho thoiseach an Lùnastail. Ma tha tairgse Àite le cùmhnaidh agad, agus tha thu air na cumhaichean a choileanadh, gheibh thu an tairgse agad bho mheadhan an Lùnastail air adhart. Mas e oileanach leantainneach a th' annad, bu chòir dhut tagradh a dhèanamh airson àite-fuirich aon uair 's gu bheil thu air na toraidhean deuchainn agad fhaighinn agus àite dearbhte a bhith agad airson tilleadh.

An urrainn dhomh ionnsachadh bhon taigh airson a' chiad teirm, ach tagradh a dhèanamh airson àite-fuirich airson an dàrna teirm?

Tha seo a-rèir dè an cùrsa air a bheil thu. Gheibhear cùrsaichean na ciad bhliadhna air an làraich a-mhàin air sgàth is gu bheil na cùrsaichean ciad bhliadhna againn nan cùrsaichean practaigeach, bogadh-cànain. Bidh cùrsaichean a tha mar as trice rim faighinn tro ionnsachadh air astar fhathast air astar. Airson nan cùrsaichean sin, faodaidh tu do dhòigh ionnsachaidh atharrachadh gu sealach. Mura h-eil thu cinnteach mu na roghainnean agad, no an roghainn as fheàrr dhut, bu chòir dhut seo a dheasbad le Co-òrdanaiche a' Chùrsa no leis an oide acadaimigeach pearsanta agad (PAT).

Am bi cidsin agus àiteachan coitcheann san togalach fhathast?

Bithidh. Bidh thu a' roinn cidsin is àite coitcheann le luchd-còmhnaidh eile. Bidh an làr agad na dhachaigh a tha a' ciallachadh nach fheum thu astar sòisealta a chumail leis a' bhuidheann sin, fhad 's a tha thu air an làr. Ach tha sinn gad bhrosnachadh gu bhith furachail mun t-slàinte phearsanta agad agus a rèir stiùiridhean riaghaltais eile a thaobh slàinte. Bidh clobhdan is stuth-glanaidh rim faighinn air feadh na Colaiste. Bidh a h-uile raon eile sa Cholaiste a' cumail gu teann ris an riaghailt astarachadh fiosaigeach 2m.

Am bi ùine ann airson gluasad a-steach?

Aon uair 's gu bheil an t-aonta àite-fuirich air a shoidhnigeadh leat agus air a thilleadh thugainn, thèid foirmean airson ruighinn thugad, a bu chòir lìonadh agus a thilleadh chun a' Mhanaidseir Aoigheachd tro phost-d cho luath 's a ghabhas. Thèid an ùine ruighinn agad a dhearbhadh an uair

sin. Faodaidh aon oileanach faighinn a-steach aig aon àm agus feumaidh feadhainn eile feitheamh ris a' chothrom aca. Bidh soidhnichean agus luchd-obrach ann airson fiosrachadh a thoirt seachad air an latha. Ged a dh'fheuchas sinn ri cumail ri amannan aontaichte cho fad 's a ghabhas, cuiridh sinn luach air ur foighidinn fhad 's a nì sinn inntrigeadh le oileanaich fa leth agus againn ri bhith a' mìneachadh nan ceumannan sàbhailteachd a bharrachd.

Dè a th' ann an 'dachaigh' de dh'oileanaich?

Bithear a' cumail ris an astar fhiosaigeach 2m an-còmhnaidh, ach a-mhàin Dachaighean, a bhios stèidhichte air làr bhlocaichean àite-fuirich. Tha sinn a' tuigsinn cho cudromach 's a tha e gum faigh thu àite anns am faigh thu fois agus mar sin lean sinn moladh an riaghaltais gus beachdachadh air dachaighean a chruthachadh taobh a-staigh nam blocaichean àite-fuirich. Thèid dachaighean a chur air dòigh a-rèir làr agus tha seo a' ciallachadh, bho latha gu latha, nach fheum astar fiosaigeach a bhith an sàs airson do làr.

Am bi Seachdain Inntrigidh ann fhathast am-bliadhna?

Bithidh, an dà chuid air an làraich agus air-loidhne, bidh gnìomhan is tachartasan ann leis am faod thu a dhol an sàs mar choimhearsnachd ann an cruth didseatach. Bidh Comann nan Oileanach cuideachd a' tabhann sheiseanan brìgheil dha luchd-còmhnaidh mar phàirt den phrògram bho shealladh sochair is sunnd. Tha an sgioba an-dràsta ag obair air planaichean air mar as urrainn dhuinn seo a chleachdadh mar chothrom inntinneach gus àiteachan ùra a chleachdadh ann an dòighean ùra m.e. beingean cuirm-chnuic, gazebos ...

Am bi cothrom fhathast air seirbheisean oileanach air an làraich?

Bidh seirbheisean oileanach (ionmhas, leabharlann, taic oileanach, tachartasan oileanach) rim faighinn le oileanaich an dà chuid air an làraich agus air astar agus bidh seirbheis chomhairleachaidh air-loidhne na Colaiste ri faighinn cuideachd. Thoir fa-near nach bi comhairleachadh aghaidh-ri-aghaidh ri fhaighinn ann an Semeastar 1.

Am bi cead aig aoighean thar oidhche tadhal orm air an làraich?

A-rèir nan cuingealachaidhean a th' ann an-dràsta, cha cheadaichear aoighean thar oidhche air an làraich. Thèid iarraidh air neach sam bith a lorgar air an làrach thar oidhche nach eil a' còmhnaidh fhàgail sa bhad agus thèid seo a làimhseachadh mar bhriseadh den chùmnant àite-fuirich agad. Tha àiteachan-fuirich gu leòr san sgìre far am faod caraidean is teaghlach fuireach. Tha liosta ri fhaighinn bhon Ionad-fàilte.

An urrainn dhuinn caraidean bhon choimhearsnachd a thoirt a-steach do na seòmraichean no na cidsinean againn?

Gu daingeann, chan eil cead aig duine sam bith ach na h-oileanaich a tha a' fuireach anns gach togalach a bhith san togalach sin. Thèid dèiligeadh ri ruigsinneachd gun chead air àite-fuirich oileanach fo mhodh Smachdachaidh nan Oileanach, mar bhriseadh den chùmnant àite-fuirich agad. Tha seo a' toirt a-steach leigeadh le daoine faighinn a-steach do thogalaichean às dèidh dhaibh a bhith còmhla gu sòisealta. Bidh an Neach-gleidhidh a' cumail sùil tron oidhche agus tha ùghdarras aige bhon Cholaiste an fheadhainn nach bu chòir a bhith san togalach a chur a-mach san spot.

Tha cumhaichean slàinte bunaiteach orm, ciorram, tha mi nas sine na 70, no tha mi trom. Dè bu chòir dhomh dèanamh?

Mar phàirt den tagradh agad don àite-fuirich, bidh sinn ag iarraidh fiosrachaidh mu thinneasan a th' ort mar-thà no cumhaichean slàinte bunaiteach, d' aois agus a bheil thu trom. Thoir fa-near nach eil

am fiosrachadh seo air a chumail ach fhad 's a tha thu air mhuintireas, agus airson adhbharan slàinte is sàbhailteachd agus thèid a sgrìobhadh gu tèarainte a rèir riaghailtean Dìon Dàta. Ma tha gin dhiubh sin a' buntainn riut, nì sinn measadh cunnairt fa leth gus dèanamh cinnteach gu bheil thu sàbhailte cho math 's a ghabhas. Ma tha dragh ort mu bhith a' roinn an dàta seo, cuir fios chun a' Mhanaidseir Aoigheachd.

[Tha mi air co-dhùnadh gun a thighinn gu Sabhal Mòr Ostaig, an urrainn dhomh mo thairgse àite-fuirich a chur dheth?](#)

Gu mì-fhortanach, chan urrainn dhut an tairgse àite-fuirich agad a chur dheth (mura roghnaich thu gluasad a-steach nas fhaide air adhart sa bhliadhna acadaimigich - faic gu h-àrd) agus feumaidh tu tagradh a dhèanamh a-rithist airson àite-fuirich san ath bhliadhna acadaimigich.

[Ma thig mi don cho-dhùnadh gun a thighinn gu Sabhal Mòr Ostaig aig a' mhionaid mu dheireadh, an tèid cosgais a chur orm airson m' àite-fuirich?](#)

Ma thig thu don cho-dhùnadh gun a thighinn gu Sabhal Mòr Ostaig ro thoiseach an aonta fhoirmeil agad, cha bhì cosgais sam bith ort airson àite-fuirich sam bith.

[A bheil tèarainteachd 24/7 anns na tallachan?](#)

Tha solar luchd-gleidhidh air an làraich 24 uairean san latha. Faodar fios a chur chun an neach-gleidhidh aig àm sam bith ann an èiginn air 01471 888 255. Thèid fob pearsanta a thoirt dhut nuair a ruigeas tu, a bheir cothrom dhut faighinn chun an àite-fuirich agad. Tha sinn cuideachd an urra ri do làn cho-obrachaidh ann a bhith a' dèanamh cinnteach gun tèid am fob agad a chleachdadh ann an dòigh chiallach. Bidh tuilleadh fiosrachaidh mu dheidhinn seo ann an Còd Giùlain nan Oileanach. Tha CCTV taobh a-muigh gach togalach.

Tha sinn a' dèanamh fiughair ri bhith a' cur fàilte oirbh gu Sabhal Mòr Ostaig, mar oileanach ùr no mar oileanach leantainneach. Mholainn dhut fios a chur thugam ma tha ceistean a bharrachd agad no ma tha thu airson dad san fhiosrachadh gu h-àrd a shoilleireachadh.

Kathryn NicAoidh
Manaidsear aoigheachd
29.07.2020

Airson aontachadh le:

Cathraiche a' Bhùird,
Sabhal Mòr Ostaig

Dreach	Ceann-là	Notaichean
1.0	29/07/20	Ciad dreach oifigeil
1.1	07/09/20	Air ùrachadh a-rèir stiùireadh ùraichte an Riaghaltais do dh'Oilthighean, Colaistean is Buidhnean Iubhairt àiteachan-fuirich, air fhoillseachadh 01/09/20